




## Sùithean 2

Ruith Sùithean suas gu mullach an taighe. Bha Granaidh ag eigheachd. “Fuirich gus am faigh mise grèim ort.” Chaidh Granaidh a-steach, ach dh’fhuirich Sùithean air mullach an taighe. Dh’fhàs an oidhche dorcha agus bha an t-acras air Sùithean bochd. “B’ fheàrr leam gum faighinn biadh,” thuir e ris fhèin.

Chunnaic e solas Granaidh a’ dol dheth. Leum e sìos agus thòisich e a’ sealg luchainn agus radain anns a’ bhàthaich. Dh’ith e còig luchainn an oidhche ud. Tràth an ath mhadainn, chuala e Granaidh ag èigheachd ris agus ruith e a-steach gu bracaist.





## Sùithean 2

Ceart

Ceàrr



1. Ruith Sùithean dhan ghàrradh.

2. Bha Granaidh ag èigheachd.

3. Chaidh Granaidh dhan ghàrradh cuideachd.

4. Bha Sùithean air mullach an taighe.

5. Bha Sùithean ag iarraidh biadh.

6. Chunnaic e solas a' dol deth.

7. Chaidh e dhan bhàthaich.

8. Thuit e na chadal.

9. Dh'ith e còig luchainn.

10. Anns a' mhadainn, chaidh e a-steach gu bracaist.